



Bunsgoil Ghàidhlig Ghleann Dail

Litir-naidheachd

An t-Samhain 2017



Deitichean Cudromach

Dimàirt 7mh Samhain:	Flu Vaccines
Diardaoin 9mh Samhain:	Coinneamh Chomhairle nam Pàrant, 6.30-8f aig an Tramway
Diluain 13mh Samhain:	Theatre gu Leòr agus Dè a-nis
Diardaoin 23mh Samhain:	Oidhche nam Pàrant, 3.30-5.30f agus 6.30-9f
Disathairne 25mh Samhain:	Fèill Nollaig
Diluain 27mh Samhain:	Seachdain Leabhraichean Alba
Diluain 27mh Samhain:	Panto aig Fèisean nan Gàidheal

Flu Vaccines

Gheibh sgoilearan aig a bheil cead agus a thug na foirmean cead air ais dhan sgoil seo air Dimàirt 7mh den t-Samhain. Fhuair sibh na foirmean seo aig toiseach na bliadhna agus chaidh iad an togail leis an NHS. Mur a h-eil sibh air am foirm a chuir air ais agus tha sibh ag iarraidh gun tèid ur pàiste air ion-dhòn feumaidh sibh seo a chuir air dòigh leis ur dotairean fhèin. Gheibh sgoilearan bileag airson a thoirt dhachaigh ma tha iad a' faighinn am banachdach.

Theatre gu Leòr

Air Diluain 13mh Samhain bidh sinn a' cur fàilte air Theatre gu Leòr. Tha iad gu bhith a' dèanamh bùth-obrach le C7/6 sa mhadainn agus le C5/4 feasgar air 'Cèilidh'. Bidh Dè a-nis? cuideachd còmhla riutha sa mhadainn airson fhiolmadh a dhèanamh. Bidh foirmean cead airson Dè a-nis? a' tighinn a dh'aithghearr airson na sgoilearan a tha an sàs.

BBC: The L.A.B

Bidh C7/6 ag obair còmhla ris an L.A.B. aig a' BhBC airson fiolmaichean goirid a chruthachadh air An Geamhradh. Bidh iad còmhla rinn anns an sgoil air Dimàirt 14mh Samhain sa mhadainn agus fad an latha air Dimàirt 28mh Samhain. Bidh Dè a-nis? air ais airson fhiolmadh còmhla ri C7/6 air an 28mh. Bidh litir agus foirm cead a' tighinn a dh'aithghearr airson sin cuideachd.

Oidhche nam Pàrant

Thèid Oidhche nam Pàrant a chumail air Diardaoin 23mh den t-Samhain bho 3.30f gu 5.30f agus 6.30f gu 9f. Thig litrichean a-mach a dh'aithghearr a tha a' toirt cothrom do phàrantan ùine a thaghadh.

Fèill Nollaig

Air Disathairne 25mh Samhain bidh an Fhèill Nollaig a' tachairt san sgoil bho 1-4f. 'S urrainn dhuibh tabhartasan a thoirt dhan sgoil air Dimàirt, Diciadain agus Dihaoine às dèidh na sgoile. Tha sinn an dòchas ur faicinn air an latha!

Panto

Tha sinn a' coimhead air adhart ris am Panto aig Fèisean nan Gàidheal fhaicinn air an 27mh den t-Samhain! An-uiridh chòrd an sgeulachd Hansel & Gretel rinn uile gu mòr. Chan eil fhios againn fhathast dè an sgeulachd a bhios aca am bliadhna ach 's cinnteach gum bi e sgoinneil! Tha am Panto a' cosg £1 gach sgoilear agus ma chuireas sibh an t-airgead ann an cèis, le ainm do phàiste sgrìobhte air, dhan sgoil ro Diluain 27mh.

Cruinneachadh

Tha Miss MacRuary ag obair còmhla ri Raonaid Fhriseal an-dràsta airson cruinneachadh beag a chuir air dòigh airson pàrantan agus caraidean na sgoile aig deireadh na mìos seo. 'S e cothrom a bhios ann dhuibh a bhith a' cluinntinn dè tha air a bhith a' tachairt san sgoil na thill sinn air ais anns an Lùnastal. Tha sinn cuideachd an dòchas biadh a chruinneachadh airson Banca Bidhe. Gheibh sibh tuilleadh fiosrachadh air seo a dh'aithghearr bho Miss MacRuary.

An t-Side

Tha an Geamhradh a' tighinn oirnn a-nis agus le sin dh'fhaodadh gum bi an t-side a' fàs nas miosa. Dèanaibh cinnteach gu bheil aodach freagarrach air ur pàiste airson an t-side, m.e. brògan agus seacaid freagarrach a tha blàth agus uisge-dhionach. Bidh sinn a' dèanamh ar dicheall airson na sgoilearan a chuir a-mach airson àm cluiche agus àm dinneir, fiù 's ma tha an t-uisge ann ach bho àm gu àm bidh sinn, mar sgioba ceannardais airson an dà sgoil, a' cumail a' chlann a-staigh ma tha sinn a' faireachdainn gu bheil an t-side ro dhona. Tha sinn a' moladh do na sgoilearan leabhar/pàipear a thoirt leotha ma 's e àm cluich fliuch a th'ann.



Bunsgoil Ghàidhlig Ghleann Dail

Newsletter

November 2017



Important Dates

Tuesday 7th November:	Flu Vaccines
Thursday 9th November:	Parent Council Meeting, 6.30-8pm at the Tramway
Monday 13th November:	Theatre gu Leòr and Dè a-nis
Thursday 23rd November:	Parents' Evening, 3.30-5.30pm and 6.30-9pm
Saturday 25th November:	Christmas Fair, 1-4pm
Monday 27th November:	Book Week Scotland
Monday 27th November:	Fèisean nan Gàidheal Panto

Flu Vaccine

These will take place on Tuesday 7th November for all pupils who have permission and have returned the consent form. These forms were issued at the start of the new session and were uplifted by the NHS. If you did not complete and return a consent form and wish your child to receive the flu vaccine you will need to make arrangements for this at your GP surgery. Pupils who received the vaccine in school will receive a slip home to inform parents.

Theatre gu Leòr

On Monday 13th November we will welcome Theatre gu Leòr to the school. They are going to do a workshop with C7/6 in the morning and with C5/4 in the afternoon on the theme of 'Cèilidh'. Dè a-nis? will also be there during the morning workshop to film for an upcoming show. Permission forms and further information will be issued by the class teacher in due course.

BBC: The L.A.B

Our C7/6 pupils have the wonderful opportunity of working with the BBC L.A.B. to create short films based on the Winter. They will be working with the pupils on the morning of Tuesday 14th November and again all day on Tuesday 28th November. Again, Dè a-nis? will be in school on the 28th November to film the workshops. Letters and permission forms will be issued for these days soon.

Parents' Evening

Our Parents' Evening will take place on Thursday 23rd November from 3.30-5.30pm and 6.30-9pm. Letters will be issued to allow parents/carers to indicate their preferred time slot. Appointments are allocated on a 'first come first served' basis. School staff will try where possible to make suitable arrangements for siblings.

Christmas Fair

The Christmas Fair will be held in the school on Saturday 25th November from 1-4pm. Donations can be made to the school on Tuesdays, Wednesdays & Fridays after school. We hope to see as many of you there as possible!

Panto

We are really looking forward to this year's Gaelic Panto courtesy of Fèisean nan Gàidheal on Monday 27th November. Last year's panto, Hansel & Gretel, was very well received and although we have yet to hear what this year's panto will be about we are sure it will be excellent! The cost of this performance is £1 per child. **Please send money into school in an envelope marked with your child's name** before Monday 27th November.

Assembly

Miss MacRuary is currently working alongside Rachel Fraser to organise a small, informal assembly for parents and for friends of the school at the end of November. It will be a chance to find out more about what has been happening in school since we returned in August. We are also hoping to arrange a Food Bank donation. More information will be issued in due course by Miss MacRuary.

Weather

With winter upon us we need to be prepared for worsening weather conditions. Please ensure that your child comes to school in appropriate clothing for the weather, e.g. appropriate and waterproof shoes and jackets. We do our best to ensure that children get outside at playtimes and lunchtime, even if it is raining. However, from time to time the leadership teams for both schools may decide that the weather is too wet and/or windy for children to be outside. When children are indoors we do suggest that they bring a book or paper/pencils from the classroom to help them pass the time.